

Michael Bauer  
Buidheann: Akerbeltz  
Glaschu

A bheil sibh ag aontachadh leis an lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?:

Tha.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, a bheil na pròiseactan roinneil a thatar a' moladh riatanach do na h-amasan airson 2012? Mura h-eil, ciamar nach eil?:

Tha.

A bheil na builean airson an fichead raon agus na prìomhachasan airson dèiligeadh leotha air am mìneachadh gu ceart agus ann an òrdan freagarrach? Mura h-eil, ciamar nach eil?:

Tha.

Ri linn freagairt na ceiste mu dheireadh, dè na pròiseictan a tha, nur beachd-se, riatanach gus na prìomhachasan sin a choileanadh (tha eisimpleirean cheistean ann an Eàrr-sgrìobhadh I)?:

Gach aon dhiubh, cha dèan prìomhachas sam bith 'na aonar a' chùis.

An iad na buidhnean freagarrach a tha air an comharrachadh mar phrìomh bhuidhnean ann an coileanadh nam prìomhachasan sin?:

Tha anns an fharsaingeachd ach tha cus cudrom air an raon phoblach agus gainnead com-pàirteachais an raoin phrìobhaidich ann. Tha fhios gu bheil e nas duilghe an raon prìobhaideach a thoirt a-steach gu planadh cànanach ach tha e cudromach nach dig gach aon iomairt bhon raon phoblach.

Agus chan eil na buidhnean a chaidh an ainmeachadh a thaobh leasachadh corpais freagarrach. Chan eil buidheann sam bith ann an Alba an-diugh aig a bheil làn fios air a leithid seo de chùisean agus bidh e RIATANACH sàr eòlaichean a thoirt a-steach aig a bheil deagh fhios air rudan a tha a' buntainn ri leasachadh corpais. Tha iomadh sàr Ghàidheal ag obair anns na buidhnean ud ach cha co-ionnan sàr Ghàidhealachas agus eòlas a' chànain. Feumar taic eòlaichean nan oilthighean, m.e. Rob Ó Maolalaigh aig Oilthigh Ghlaschu, daoine aig a bheil deagh Ghàidhlig AGUS sàr thuigse obrachadh a' chànain. A thaobh na puinge seo, tha e cudromach nach dùnar a-mach planaichean air Acadamaidh na Gàidhlig oir bidh e glè dhoirbh corpais a leasachadh le meall bhuidhnean a tha sgapte air fèadh na dùthcha.

Ma tha sibh a freagairt às leth buidhinn, ciamar a tha sibh gur faicinn fhèin a' cur ri soirbheachd a' Phlana Nàiseanta?:

Tha Akerbeltz a' cur taic ri leasachadh na Gàidhlig mu thràth agus tha planaichean ann a chuireas ri taghadh nan goireasan Gàidhlig a bhios ri làimh.

A bheil beachdan sam bith eile agad mun dreachd Phlana?:

Tha. 'S dòcha gu bheil am beachd seo ann mu thràth ach cha robh e ro fhollaiseach gu bheil feum ann air taic do luchd-bruidhinn na Gàidhlig às dèidh na sgoile. Gheibhear bun-stèidh cànanach anns an sgoil agus rè làithean ar n-òige ach tha ùine fhada ann as an dèidh agus mura bi cothroman ann an cànan a chleachdadh mar inbhich, crìonaidh an cànan. Air sgàth sin, tha e ceart cho cudromach gum bi taic làidir ann airson inbheach aig a bheil Gàidhlig cuideachd agus chan ann san raon "tradaiseanta" a-mhàin, can leithid nan taighean-seinnse Gaeilge a tha ann ann an Èirinn.

Tha mi toilichte na beachdan agam fhoillseachadh gu poblach: Tha  
Tha mi toilichte m' ainm agus mo sgìre fhoillseachadh gu poblach: Tha